

Bitesize

Gàidhlig An Àrd Ìre - Èisteachd - Peatan

Cluinnidh tu an seo earrann mu Pheatan.

'S fhada an t-saoghail bho thòisich ceangal sònraichte eadar dhaoine is bheathaichean. Uaireigin bhiodh daoine is coin a' sealg nan aon bheathaichean airson biadh. Ach leudaich an ceangal seo chun na h-ìre 's gun robh coin air an trèanadh gu bhith nan companaich aig daoine, seach dìreach a bhith ag obair dhaibh. A rèir eachdraidh, ged bha cait ann an dùthchannan eile, bho chionn mhìltean de bhliadhnaichean bha na seann Èipheitich ag àrach chait fhiadhaich. B' ann bhuapasan a thàinig na cait teaghlach air a bheil sinn a-nise cho eòlach. Gu dearbha, bha na h-Èipheitich aig aon àm a' meas nan cat mar dhiathan, agus tha mòran sgeulachdan againn mun deidhinn. Anns an là an-diugh tha peatan de chaochladh sheòrsachan aig daoine air feadh an t-saoghail, peatan mar mhuncaidhean, mar iasg agus mar eòin.

Ged a tha peatan aig mòran dhaoine, tha ceist air cuid ach am bu chòir dhuinn a bhith a' gleidheadh pheatan airson toileachas no mar chompanaich. Tha e coltach gu bheil mu ochd millean cù is cat san Rìoghachd Aonaichte. Tha sin a' ciallachadh gu bheil peata ann an leth nan dachaighean san rìoghachd, agus tha iad a' cur feum air biadh, ùine agus cùram meidigeach. Feumaidh sinn a bhith coibhneil ri ar peatan, agus gu dearbha tha an lagh a' feuchainn ri beathaichean a dhìon bho an-ìochdmhorachd dhaoine. Cuideachd tha gnìomhachas mòr nàiseanta air èirigh, mar a bhith a' dèanamh biadh is innealan airson cluiche do choin is do chait, oir tha uiread de dhaoine cho measail air peatan.

Tha daoine a tha an aghaidh a bhith a' cumail pheatan ag ràdh gu bheil sinn a' cleith chòirichean bunaiteach air beathaichean a th' againn mar pheatan. Tha iad ag ràdh gu bheil sinn gan glasadh gu mì-nàdarrach airson toileachas dhuinn fhèin. Cuideachd, tha e air a ràdh gu bheil sinn a' cleith orra fiosrachadh air beatha nàdarra a gheibheadh iad air a' bhlàr-a-muigh, seach gu bheil sinn gan cur ann an suidheachadh nach eil iad a' tuigsinn. Their iad

Bitesize

gum faod droch bhuaidh a bhith aig sin air slàinte bheathaichean, eadhon ged a dh'fheuchas sinn daonnan ri bhith cho cùramach 's is urrainn dhuinn.

Canaidh daoine eile gur e rud gu tur nàdarrach a th' ann peatan a bhith againn, nach eil sinne idir beò ann an saoghal leinn fhèin. Their iad gu bheil beathaichean san dachaigh mòran nas fheàrr dheth agus nas cofhurtaile na beathaichean a tha a-muigh 's a tha fuasgailte do chunnartan an t-saoghail mhòir. Bheir iadsan toileachas dhuinne, tha sinne a' toirt toileachas dhaibhsan.

Gu mì-fhortanach, chan eil a h-uile duine a' coimhead às dèidh bheathaichean mar is còir dhaibh. Ma tha peata againn san dachaigh, feumaidh sinn tuigsinn gum bi uallach na chois. Chan urrainn dhuinn falbh astar mòr bhon taigh, eadhon airson greiseag, agus am peata fhàgail air a cheann fhèin. Ach ma bhios sinne gu math do ar peatan, bidh iadsan daonnan dìleas dhuinne agus cha bhi sinn aonaranach nuair bhios iad mun cuairt. Fàsaidh sinn anabarrach ceangailte riutha. Agus gu cinnteach bidh sinn gan ionndrainn nuair a thig am beatha gu ceann.